



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba



Goireasan-litearachd

Sgrìobhadh Bàrdachd

Seall. Dè chì thu?



Tha seo a' sealltainn dàn Raibeirt MhicAdhaimh air a shnaigheadh anns a' chlacharan an taobh a-muigh togalach Pàrlamaid na h-Alba.

Tha e ag ràdh -

Seall. Dè chì thu?

Chì mi àilleachd anns na lochan
Chì mi mòrachd anns na beanntan

Chì mi sgeulachdan anns na creagan

Agus is ann agad fhèin a tha e.

An taobh a-muigh na Pàrlamaid tha dàn air a shnaigheadh anns a' chabhsair. Chaidh a sgrìobhadh le Raibeart MacAdhaimh, aois 14 à Cuisnidh ann an Siorrachd Obar Dheathain, a bhuannaich farpais ann an 2005. Chaidh a' bhàrdachd a bhrosnachadh le dreach-tìre na h-Alba.

Sgrìobh dàn thu fhèin a' tòiseachadh le "Seall. Dè chì thu?"
Gabh beachd air cleachdadh briathrachais, puingeachaidh, ìomhaigheachd, comhardaidh (rhyming).

